

DREUCHD	Ceannard an Sgioba Ghlanaidh
ROINN	Aoigheachd
FO STIÙIR	Ceannard na h-Aoigheachd
FO DO STIÙIR	An Sgioba Glanaidh
TUARASTAL	£25,093 - £26,890
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach
CÙMHNANT	Cùmhnant maireannach

Bu chòir do gach neach-tadhail, oileanach agus aoigh a thig gu Sabhal Mòr Ostaig a bhith a’ faireachdainn gu bheil fàilte orra bhon a’ chiad mhionaid a thig iad air àrainn na colaiste. Bidh Ceannard an Sgioba Ghlanaidh a’ dèanamh obair glè chudromach ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd fìor mhath ann dhan a h-uile neach a bhios a’ fuireach, ag ionnsachadh agus ag obair an seo. Bidh thu os cionn an sgioba ghlanaidh, agus bidh e an urra riut dèanamh cinnteach gun tèid sàr ìrean a choileanadh a thaobh glaineid, coltas agus seirbheisean air feadh na h-àrainne.

PRÌOMH DHLEASTANASAN

A’ stiùireadh an sgioba

Bheir thu brosnachadh is taic dhan sgioba bheag ghlanaidh againn, agus thu a’ dèanamh cinnteach gu bheil tuigse aig gach neach-obrach air na dleastanasan aca agus gu bheil na sgilean aca, agus gum faigh iad an stiùireadh is am brosnachadh a bhios a dhith orra, gus soirbheachadh nan obair. Cuiridh tu clàran-ama obrach air dòigh, bheir thu comhairle is molaidhean seachad, cuidichidh tu luchd-obrach gus cothroman leasachaidh a ghabhail, agus nì thu cinnteach gu bheil sgioba càirdeil, taiceil agad.

A’ coileanadh sàr ìrean obrach

Air àrainn na colaiste – eadar àiteachan-fuirich, seòmraichean-teagaisg agus àiteachan poblach – bheir thu stiùir dhan obair ghlanaidh agus nì thu cinnteach gun tèid sàr ìrean obrach a choileanadh a thaobh glaineid, coltas agus slàinteachas air feadh na h-àrainne.

Planadh is eagrachadh

Cuiridh tu clàran-ama glanaidh air dòigh, nì thu riarachadh air na goireasan a tha ri fhaotainn, cumaidh tu sùil air na th’ ann de stuthan glanaidh a tha air fhàgail, cuiridh tu òrdain air dòigh airson tuilleadh stuthan, agus nì thu cinnteach gu bheil luchd-obrach gu leòr ann gus an obair ghlanaidh a dhèanamh air feadh na bliadhna.

A’ cur taic ri slàinte is sàbhailteachd

Nì thu cinnteach gun tèid riathanasan slàinte is sàbhailteachd a choileanadh, bidh thu a’ moladh mhodhan-obrach sàbhailte do dhaoine, agus nì thu cinnteach gu bheil trèanadh freagarrach aig a h-uile neach-obrach agus gu bheil iad uidheamaichte airson a bhith ag obair gu sàbhailte.

Bidh thu ag obair gu dlùth còmhla ri co-obraichean air feadh na buidhne, agus thu a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh èifeachdach ga dhèanamh eadar daoine, gun tèid fuasgladh fhaighinn air trioblaidean gun dàil agus gum bi àrainneachd fìor mhath ann do dh'òileanaich, luchd-tadhail agus aoighean.

Comasan an Neach-obrach

	Riatanach	Comasan a bhiodh nam buannachd
Eòlas	Tuigse air obair ghlanaidh agus ìrean obrach airson sin	Eòlas air riaghailtean slàinte is sàbhailteachd, a' gabhail a-staigh COSHH
Sgilean	Comasach air a bhith ag obair air do cheann fhèin agus air co-dhùnaidhean ciallach a dhèanamh Comasach air sgioba a stiùireadh is a bhrosnachadh Sàr sgilean eagrachaidh agus a thaobh a bhith a' cumail rian air ùine is uairean obrach Tha misneachd agad nuair a thig gu bhith a' faighinn fuasgladh air trioblaidean agus a' dèiligeadh ri diofar phrìomhachasan aig an aon àm Glè mhionaideach nad dhòigh agus nad obair Deagh sgilean conaltraidh Comasach air iarraidh air daoine eile gnìomhan obrach a dhèanamh agus rian a chumail air na diofar dhleastanasan obrach a bhios rin coileanadh Deagh sgilean coimpiutaireachd	Comasach dhut Gàidhlig a bhruidhinn is a sgrìobhadh
Eòlas obrach	Eòlas air obair ghlanaidh	Eòlas air a bhith a' stiùireadh luchd-obrach no sgioba Eòlas air a bhith a' toirt trèanadh is cothroman leasachaidh do luchd-obrach

Bidh an Sgioba Glanaidh ag obair 35 uairean a thìde san t-seachdain, mar as trice bidh iad ag obair 5 latha a-mach à 7, agus bidh aca ri obair a dhèanamh aig an deireadh-sheachdain uaireannan.

Fòrladh Bliadhnail

Gheibh thu 35 làithean-saora le pàigheadh gach bliadhna, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach.

Buannachdan:

Gheibh thu grunn bhuannachdan matha leis an obair, leithid:

- Obair fad na bliadhna
- 35 làithean de dh'fhòrladh bliadhnail
- Sgeama peinnsein ris am bi sinn a' cur taic
- Sgeama Àrachais airson Bàs Luchd-obrach ann an Seirbheis
- Èideadh-obrach
- Sgeama math airson pàigheadh-euslainte
- Poileasaidhean a tha taiceil do dhaoine aig a bheil teaghlach
- Sgeama gus Dol a dh'Obair air Baidhsagal
- Cothroman trèanaidh is leasachaidh
- Cothrom a dhol gu gym air làrach na colaiste (airson cosgais bheag gach bliadhna)
- Gheibh thu biadh nuair a bhios tu ag obair
- Cothroman gus sgilean Gàidhlig ionnsachadh is a leasachadh